Rianachd Chunnartan agus Poileasaidhean

Poileasaidh Àite Dìonta

Tha am poileasaidh seo na phàirt den cho-chruinneachadh de phoileasaidhean aig Fèisean nan Gàidheal

An ceann-latha air an dh'fhuair e aonta	13/03/26
Adhbhar	Ar dìcheall a'dhèanamh cinnteach à sàbhailteachd agus sunnd a h-uile com-pàirtiche, ball, eagraiche agus oide agus an dìon bho dhroch dhìol corporra, feise agus aigne, no dearmad.
Geàrr-iomradh	Tha am poileasaidh seo a' dèiligeadh gu sònraichte ri giùlan toirmisgte air chor 's gum bi àrainn shàbhailte, in-ghabhalach agus aoigheil ann anns am faod a h-uile duine com-pàirt a ghabhail ann am suidheachadh spèis agus miadh. Tha e togail aire ma tha òganach neo inbheach maoth ann an cunnart, tha e deatamach gun innis daoine fa leth na draghan aca - air cho beag 's a tha iad - do dh'Oifigear Dìon Chloinne (an dàrna cuid taobh a-staigh na Fèise no aig Fèisean nan Gàidheal)

Fèisean nan Gàidheal: Poileasaidh Àite Dìonta

Fàth agus Prionnsabalan
Dleasaidh òganaich agus inbhich so-leònta faireachdainn sàbhailte tèarainte fhad 's a tha iad a' gabhail com-pàirt ann an tachartasan a tha air an cur air dòigh, no air am maoineachadh, le Fèisean nan Gàidheal. Nì Fèisean nan Gàidheal a h-uile h-oidhirp reusanta gus dèiligeadh ri com-pàirtichean ann an tachartasan ann an dòigh in-ghabhalach agus brosnachail. Nì sinn ar dìcheall dèanamh cinnteach à sàbhailteachd agus sunnd a h-uile com-pàirtiche, ball, eagraiche agus oide agus an dìon bho dhroch dhìol corporra, feise agus aigne, no dearmad. Tha dleastanas Fèisean nan Gàidheal a' gabhail a-steach comhairle a thoirt do dh'Fhèisean mar a nì iad mar an ceudna agus, ann an cuid de shuidheachaidhean, a bhith toirt orra sin a dhèanamh tro chumhachan maoineachaidh agus ballrachd.

Tha poileasaidh an Àite Dhìonta a' dèiligeadh gu sònraichte ri giùlan toirmisgte air chor 's gum bi àrainneachd shàbhailte agus in-ghabhalach ann. Tha e tuilleadh air agus na thaic do phoileasaidhean agus do phàipearan-taice eile a tha aig Fèisean nan Gàidheal gus daoine òga agus inbhich a tha ann an cunnart a dhìon, is iad sin ar Poileasaidh airson Daoine fo Dhìon Sònraichte (a tha a' gabhail a-steach Riaghailtean Modh agus Deagh Chleachdadh), Poileasaidh Brath-Earalach, Poileasaidh Ruigsinneachd agus ar Plana Co-ionannachd, Iomadachd & Ion-ghabhail, a gheibhear air fad air làrach-lìn na buidhne againne. Buinidh poileasaidh an Àite Dhìonta seo ri tachartasan a tha air an cur air dòigh an làthair a-chèile no air-loidhne, no air am maoineachadh, le Fèisean nan Gàidheal agus ris a-h-uile duine a tha gabhail pàirt.

Tha prìomh phrionnsabalan ar poileasaidh Àite Dìonta mar a leanas:

- Tha dùil gun gabh saor-thoilich agus luchd-obrach cùram sònraichte ann a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil an giùlan fàilteachail agus in-ghabhalach.
- Tha ghabhar ri modh-guìlain leth-breitheach bho dhuine sam bith agus thèid dèiligeadh ris gun dàil.
- Tha cead aig a h-uile duine a bhi ann an àrainneachd sàbhailte agus taiceil.

Tha uallach air inbhich seach òigridh, cumail air falbh bho suidheachadh agus dàimh mì-iomchaidh. Tha seo a'leantainn às dèidh tachartasan Fèisean an Gàidheal, Fèisean agus pròiseactan sònraichte.

Dol-a-mach a tha Toirmisgte
Chan fhuilingear sàrachadh, leth-bhreith, droch dhìol no giùlan mì-iomchaidh de sheòrsa sam bith. Dh' fhaodadh seo gabhail a-steach, ach gun a bhith cuibhrichte do:

- Gabhail deoch làidir fo aois òil no gabhail dhrugaichean uair sam bith fhad 's a tha neach fo chùram, air fhastadh aig no fo chùmhnant aig Fèisean nan Gàidheal no aig Fèis air leth.
- A' cumail conaltraidh prìobhaideach le òigridh taobh a-muigh tachartasan Fèisean nan Gàidheal, agus Fèisean, tro fòn, meadhanan sòisealta, neo air-loidhne gun adhbhar soilleir agus sònraichte.
- Cainnt tharcaiseach sa bheil briathran oilbheumach a thaobh leth-breitheachd, a toirt a-staigh aois, gnè, taobhadh feise, fèin-aithne gnè no mar a nochdar i, ciorram, coltas corporra, cinneadh, cinnidheachd, dìlseachd phoilitigeach no creideamh.
- Giùlan bagarrach a' gabhail a-steach cur eagal air neach a dh'aona ghnothaich, sìor-leantainngun iarraidh, dealbhan/filmeadh neo-iomchaidh, beantainn chorporra nach ga iarraidh no le fòirneart, aimhreit leantainneach de thachartasan no giùlan le briathran no gu corporra sam bith eile far a bheilear an dùil bagairt, co-èigneachadh no eagal a mhaoidheadh.
- Aire no oidhirpean feise a tha gun iarraidh, briathran no gluasadan drabasta, iarrtasan mì-iomchaidh airson fàbharan feise no giùlan ann am briathran no ann an corp de sheòrsa feiseil.

Cha bu chòir teagamh sam bith a bhith aig na bhios ri giùlan toirmisgte no mì-iomchaidh eile, nach dèiligear ris nuair a thèid innse, agus gun tèid crìoch a chur air a' chùmhnant sa bhad.

Gnìomh Casg

- Nì sinn cinnteach gu bheil ar poileasaidhean agus ar modhan-obrach freagarrach agus gu bheil saor-thoilich, luchd-obrach, com-pàirtichean agus pàrantan/luchd-cùraim eòlach orra.

- Nì sinn cinnteach, tro chumhachan maoineachaidh, gum bi fios aig Fèisean gum feum iad cumail ri poileasaidhean Fèisean nan Gàidheal, Oifigear Dìon Chloinne a thaghadh agus dòighean dìon a chur ann am bith.
- Iarraidh sinn air a h-uile saor-thoileach, neach-obrach agus com-pàirtiche a chì giùlan mì-iomchaidh no toirmisgte bruidhinn a-mach aig an àm agus am fulangaiche a dhìon.
- Thoir sinn taic don a h-uile neach saor-thoileach, neach-obrach agus com-pàirtiche tro chonaltradh, tro oideachadh, bruidhinn a-mach aig an àm an aghaidh ghiùlan neo-iomchaidh.
- Thèid àire sgiobalta thoir do ghiùlan mì-iomchaidh agus thèid dèiligeadh ris ann an aithghearrachd.
- Nì sinn cinnteach, tro na cùmhnantan a bheir sinn seachad, gu bheil luchd-obrach air an stiùireadh gu poileasaidhean iomchaidh agus Riaghailtean Modh agus Deagh Chleachdadh agus gu bheil e soilleir gum faodadh a' bhuil aig giùlan mì-iomchaidh crìoch a chur air a' chùmhnant sa bhad.

Airson tachartasan Fèisean nan Gàidheal agus Fèisean, iarraidh sinn air fad bruidhinn gu dìreach ri saor-thoilich, luchd-obrach agus com-pàirtichean mu ghiùlan iomchaidh/neo-iomchaidh aig coinneamhan fiosrachaidh ron Fhèis gus am bi fios aig a h-uile duine mar a bu chòir dhaibh a bhith gan giùlan fhèin. Eòlas thoirt dhaibh air Oifigear Dìon Chloinne agus gu bheil com-pàirtichean, gu sònraichte, soilleir mu dheidhinn innse mu thachartasan sàrachaidh no droch dhìol.

Gnìomh Ceartachaidh

Mur oibrich na dòighean dìon agus ma tha dragh ann mu ghiùlan neach fa-leth, no ma gheibhear gearan, bu chòir ceumannan a ghabhail a rèir an t-suidheachaidh. Cha bu chòir do neach saor-thoileach, neach-obrach no com-pàirtiche feuchainn ri dèiligeadh ris an duilgheadas leis/leatha fhèin ann an suidheachadh sam bith.

Ma tha òigridh neo inbhich so-leònta ann an cunnart, tha e cudromach fios a'leigeil dhuinn a'leantainn na ceumananan 'sa chlàr-ruith gu h-ìosal agus a'chleachdadh Clàr-èiginn Dìon-Chloinne Fèisean nan Gaidheal.



Ged a dh' fhaodadh e a bhith doirbh draghan a chur an cèill mu cho-obraichean, tha e cudromach gun tèid a leithid seo de dhraghan innse agus gum bi earbsa aig an fheadhainn a tha ag innse dhraghan gu bheil iad sàbhailte sin a dhèanamh.

Mar inbhich anns a bheil earbsa tha dleastanas oirbh àire thoirt air draghan.

Ath-bhreithneachadh
Thèid am poileasaidh seo ath-bhreithneachadh le Bòrd Fèisean nan Gàidheal a h-uile trì bliadhna a-rèir clàr an ath-breithneachaidh againn, no nas trice ma dh'fheumar. Thèid ùrachadh sam bith fhoillseachadh air làrach-lìn na buidhne againn agus, far a bheil e iomchaidh, theìd innse do na buill nuair a tha atharrachaidhean dèante.